

Òran

Deòrsa Mac Iain Dheòrsa (George Campbell Hay)

Gràdh nan gruagach, on dh'fhàs i fuar rium,
chan eil dol suas domh no suain 'na dèidh,
on chuir i suarach a' bhruidhinn chluaineis
's gach coinneamh naigneach dh'fhàg luath mo cheum.
Èiridh 'n latha is a' ghrian le 'gathannaibh,
èiridh 'n ceathach rith' on achadh rèidh,
èiridh 'n driùchda bhàrr fhùr is gheugan -
och, cùin' a dh'èireas mo chridhe fhèin?

Shiubhail mi anmoch fonn dall is garbhach,
sìos leis a' Gharbh Allt 's mi 'falbh gu sgìth,
gus an d'ràinig mi 'n cnocan càrnach
os cionn na fàrdaich a b'àras dì;
an ciar a' mhochthrath 's an speur a' gormadh
chaidh an t-eun gu gairm ann a baile shìos,
chunnaic mi 'n smùid 'teachd o thaigh mo rùin-sa,
shil mo shùilean is thionndaidh mi.

Tha tasgaidh luachmhor am falt mo ghruagaich,
mar bheairteas uaislean 'na chruachan ann,
òr nan cuaislean os cionn a gruaidh-se,
am pailteas ruadh-òir 'na chuachan trom;
fion dearg a beul is e ruiteach leusach,
's a muineal glègheal mar èitag thonn,
mar aiteal grèine air chathadh bheuchthonn,
no sneachd ga shèideadh air slèibhtean lom.

Nuair thig a' ghaoth bhàrr an àilein bhraonaich
bidh fàile mhaothlus 's e caoin 'na beul,
is cridheil faolidh thig oiteag chaoilghlinn,
roid an aonaich 's am fraoch 'na sgèith;
mas gaoth à deas i a thig gar tatadh
o shlios an cadaltach blàth ri grèin,
thig smuain mo ghràidh leath' is smuaircean cràidhte,
a' ghaoth a thàinig o h-àite fhèin.

Reproduced with the kind permission of the W L Lorimer Trust Ltd.

[Òran is Hay's Gaelic original that he used as the basis for his English poem *Song*. The latter is not a translation of the former. *Song* takes the material in a different order, expresses some thoughts using slightly different imagery, and there is no English equivalent to some of the Gaelic lines, which makes the English version more mysterious and the Gaelic more direct.]